

RSNO

SCOTLAND'S NATIONAL
ORCHESTRA

Fuaim a' Chuain

Goireas Ionnsachaidh:

An Cuan

MARINE
CONSERVATION
SOCIETY

MARINE
CONSERVATION
SOCIETY

© Willyam Bradberry via Shutterstock

An Cuan

Amasan So-sheasmhachd:



Cuspairean sgoile:
Cruinn-eòlas

Aois 7-11

Ceanglaichean a' Churraicealaim:

Cuantan, Sgilean-mhapa, Cearcall an uisge,
Àrainneachd

Prionnsapalan Litearrachd a' Chuain:

1. Chan eil ann ach aon cuan mòr aig an Talamh, leis an t-uabhas diofar feartan
2. Tha buaidh mhòr aig a' chuan air an aimsir agus an gnàth-shìde againn
3. Tha e air sgàth an cuan gun urrainn dhuinn a bhith beò air an Talamh

Amasan Ionnsachaidh:

- Is urrainn dhomh faighinn a-mach mar a tha sinn uile ceangailte ris a' chuain
- Is urrainn dhomh mapa a chleachdadh gus diofar raointean den chuan ainmeachadh
- Tha mi a' tuigsinn dè th' ann an tìdeachan-mara agus mar a tha iad a' toirt buaidh air a' chuain

Goireasan sa Phasgan:

Faidhle Fiosrachaidh a' Chuain longantach

Dè idir a rinn an cuan dhuinn? (bhidio)

Mapa a' Chuain

Dealbh de Cearcall na h-Uisge

Goireasan a Bharrachd:

Mapa, ròpa

Ceum a h-aon

Cùl-raon

Tha an cuan a' còmhachadh 70% de uachdar na Talmhainn, agus tha e glè chudromach don phlanaid againn. Tha e na phàirt mòr de chearcall na h-uisge, a' toirt seachad ocsaidean, a' stòradh carbain, a' riaghladh na gnàth-shìde, a' lughdachadh am milleadh a bhios stoirmean a dhèanamh air sgìrean faisg air a' chladaich, a' toirt seachad biadh agus tha e cudromach airson slàinte is sunnd. Tha an cuan cuideachd na dachaigh do 50-80% den bheatha air fad air an Talamh.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu carson a tha an cuan cudromach anns am [Faidhle Fiosrachaidh a' Chuain Iongantach](#).

Ceum a dhà

Toiseach Tòiseachaidh

20 mionaidean - Dè tha an cuan a' ciallachadh dhòmhsa?

Minich gu bheil a' chuain an cuspair a th' againn an-diugh. Sgrìobh na ceistean a leanas air a' bhòrd:

Dè as toil leat mun cuan? Dè nach toil leat mun cuan? An robh thu riamh ri taobh na mara? Dè tha fios agad mu thràth mun cuan?

Iarr air na sgoilearan a bhith a' bruidhinn mu na beachdan aca ann an dithisean mus bi còmhraidh buidhne aca. Gus fòcas a' chòmhraidh a chumail, thoir 3 mionaidean do na paidhrichean airson gach ceist.

Ceum a trì

Gnìomhan

Gnìomh 1: 15 mionaidean - Dè idir a rinn an cuan dhuinn?

Coimhead air a' bhidio, [Dè idir a rinn an cuan dhuinn?](#), mar ro-ràdh air carson a tha an cuan cho cudromach. Beachdaich air a' bhidio mar chlas, a' cur beachdan air a' bhòrd mu na dòighean anns a bheil sinne ceangailte ris a' chuan agus mar a tha e a' cuideachadh nar beatha làitheil.

Gnìomh 2: 10 mionaidean - Ar sgoil agus a' chuain

Faigh a-mach mar a tha an sgìre ionadail agad ceangailte ris a' chuain. Mar chlas, cleachd Google Earth gus an sgoil a lorg. Às an sin, lorg an abhainn as fhaisge oirbh agus lean i air turas chun na mara. Is dòcha gum bi e math practas a dhèanamh an toiseach! Nuair a tha sibh air an abhainn as fhaisge oirbh a lorg, cliog air barrachd fiosrachaidh gus beul na h-aibhne a lorg, bidh e gan toirt gu abhainn eile, mar as trice. Feumaidh sibh an ceum seo a dhèanamh dhà no trì tursan gus beul na h-inbhir a lorg.

Gnìomh 3: 10 mionaidean - Ainmich raointean a' chuan

Gus tuigse fhaighinn air mar a tha an cuan as fhaisge oirbh ceangailte ris a' chòrr den t-saoghal, bheir mapaichean an t-saoghail do phaidhrichean. Mura h-eil mapaichean iomchaidh agaibh, clò-bhuail am mapa againne. Minich nach eil againn ach aon cuan (aon phlanaid, aon cuan), ach gu bheil sinn ag ainmeachadh diofar raointean dheth a rèir feartan mar teòthachd agus àite. Iarr air na sgoilearan na mapaichean aca a sgrùdadh le càraid gus faighinn a-mach cia mheud raon den cuan a th' ann agus dè na h-ainmean a th' orra. Smaoinich air suidheachaidhean de gach cuan (m.e. teòthachd, doimhneachd, beatha na mara).

Lorg an Rìoghachd Aonaichte agus ainm a' chuain san sgìre seo. An am mionaid no dhà, beachdaich air a' mhapa mar chlas. Innis don chlas gu bheil sinn a' cleachdadh a' mhuir airson a' mìneachadh an cuan as fhaisge air an tìr agus mun cuairt air. Dè an cuan as fhaisge ort?

Gnìomh 4: Carson a tha an cuan saillte?

Faighnich a' cheist, dè an diofar eadar uisge na h-aibhne agus uisge a' chuain? Bu chòir do sgoilearan a bhith bruidhinn ann an càraidean mus tèid còmhraidh buidhne a chumail. Coimhead air an dealbh de chearcall na h-uisge. Minich gu bheil uisge-adhair agus uisge na h-aibhne a' cuideachadh le bhith a' nighe iarainn far chreagan agus gan toirt dhan chuain. Tha *hydrothermal vents* agus bholcànothan air grunn na mara cuideachd, a bhios a' leigeil iarainn a-mach dhan cuan. Nuair a thèid na h-iarainn sin a leigeil a-mach don uisge, bidh iom-obrachadh ceimigeach a' tionndadh an uisge saillte.

Gnìomh 5 - 20 mionaidean - Ciamar a bhios tìdeachan-mara ag obair?

Faighnich dha na sgoilearan ma tha fios aca dè a th' ann an tìdeachan-mara agus carson a tha iad ann. Thèid a-mach gu àite fosgailte, mar talla cruinneachaidh no a-muigh. Bu chòir clann seasamh ann an cearcall agus a' cumail grèim air ròpa fada. Minich gu bheil an cearcall a' riochdachadh an uisge timcheall air an Talamh. Dèan co-dhùnadh dè am pàirt den chearcall a tha Tuath, Deas, Ear is Iar. Minich mar a tha an Talamh a' snìomh mun cuairt air aiseal. Coisich ann an cearcall gu slaodach gus seo a riochdachadh. Stad an cearcall gus mìneachadh gu bheil thu a' riochdachadh na gealaich. Bu chòir don sgoilear as fhaisge air a' ghealaich ceum air ais a ghabhail, agus bu chòir don sgoilear mu choinneamh an aon rud a dhèanamh. Minich mar a tha iom-tharraing na

gealaich a’ tarraing an uisge a dh’ionnsaigh, tha seo a’ toirt air an uisge a bhith a’ bogha a-mach air gach taobh den Talamh. Tha seo a’ riochdachadh àirde-mhara. Tha nas lugha de dh’uisge sa mheadhan a-nis, a tha a’ riochdachadh isle-mhara. A-nis lean oirbh a’ gluasad timcheall gu slaodach ann an cearcall, le sgoilear a’ gabhail ceum air ais nuair a tha iad san aon loidhne ris a’ ghealaich, agus air adhart nuair a tha iad seachad air a’ ghealaich. Stad aig diofar amannan gus isle-mhara agus àrd a shealltainn ann an diofar àiteachan air feadh an t-saoghail le bhith a’ toirt sùil air ais air dè am pàirt den chearcall a tha a’ riochdachadh Tuath, Deas, Ear is Iar. Minich gu bheil dà thìde-mhara àrd agus agus dà isle-mhara againn gach latha, agus iarr air a’ chloinn a bhith a’ mineachadh carson.

Ceum a còig

Sùil air ais

5 mionaidean

Carson a tha an cuan cho cudromach? Ciamar a tha an sgoil agad ceangailte ris a’ chuain? Dè an t-ainm a th’ air na 5 raointean den cuan? Carson a tha an cuan saillte? Dè bhios a’ toirt buaidh air an tìde-mhara? Cia mheud tìdeachan-mara a tha ann gach latha? Carson a tha tìdeachan-mara a’ tachairt?

Ceum a sia

Sùil air adhart

Gus tòiseachadh air sgrùdadh a dhèanamh air beathaichean sa chuan agus mar a tha iad ceangailte ri chèile, cuir crìoch air an leasan, [Cruthaich lion-bidh](#). Gus ionnsachadh mar a bhios creutairean ag atharrachadh dhan àrainn aca, cuir crìoch air an leasan, [Ciamar a bhios creutairean ag atharrachadh?](#)

Faidhle Fiosrachaidh a' Chuain Iongantach

Tha an cuan na shiostam taic deatamach don phlanaid againn

- Tha e na phàirt mòr de chearcall na h-uisge
- Bidh lusana na mara agus algach a' dèanamh còrr air 50% den ocsaidean a bhios sinn a' cleachdadh gus anail a ghabhail
- Bidh àrainnean na mara a' cuideachadh le bhith a' stòradh carboin, rud a tha air leth cudromach anns an t-strì an aghaidh atharrachadh na gnàth-shìde
- Bidh an cuan a' riaghladh ar siostaman gnàth-shìde agus an sìde
- Bidh àrainnean a' chosta a' cuideachadh le bhith a' dìon coimhearsnachdan cladaich agus bailtean bho stoirmean is tuiltean le bhith a' lùghdachadh lùths nan tuinn
- Tha biadh na mara cudromach oir bidh e a' toirt pròtain do milleanan de dhaoine
- Tha obraichean aig milleanan de dhaoine ann an gnìomhachasan na mara
- Tha an cuan cudromach airson ar slàinte agus ar sunnd, le milleanan de dhaoine a' cleachdadh a' chuain agus an iomrall-fairge airson cur-seachadan



Àrainn fear-locha a' chosta
© Benjamin L. Jones via
Unsplash



Neach-surfadh
© Sebastian Staines
via Unsplash

Faclan feumail

Seirbheisean eag-shiostam – na buannachdan a gheibh daoine bho eag-shiostaman

Àrainn – is e àrainn an dachaigh nàdarrach no an àrainneachd anns a bheil beathach, lus no fàs-bheairt a' fuireach. Tha a h-uile càil a dh'fheumas fàs-bheairt a bhith beò leithid biadh agus fasgadh mar phàirt den àrainn. Tha meanbh-àrainn na àite beag am broinn àrainn mòr a tha na dachaigh do gnè shònraichte

Faidhle Fiosrachaidh a' Chuain Iongantach

Iomadachd a' Chuain



Tha 70% de uachdar na Talmhainn còmhdaichte leis a' chuain



Tha an cuan gu math eadar-mheasgte agus tha e na dachaigh do 50-80% den bheatha air fad air an Talamh. Tha a' mhòr-chuid den iomadachd seo ri lorg ann an àitichean far nach eil a' chuan cho domhainn



Anns an Rìoghachd Aonaichte tha timcheall air 7,723 mìle de iomrall-fairge eadar-dhealaichte againn. Fo na tuinn, tha seallaidhean-tìre diofraichte cuideachd, le creagan fon uisge, uamhan, raonaich agus coileagan



Bidh ar cuantan cladaich a' toirt aoigheachd do diofar àrainnean mar sgeiligean dathach, leapannan ceilpe, slugan carraig agus feur-locha, a tha na dachaigh do mhiltean de phlanntaichean is bheathaichean



Tha bith-iomadachd ghnèithean sa chuan iongantach, bho bacteria microscopach agus algach suas gu mucan-mara mòra

Tha bith-iomadachd cudromach airson an slàinteas a th' aig eag-shiostam. Tha eag-shiostam le barrachd iomadachd nas coltaichte a bhith a' fàs nas fheàrr bho mhilleadh bhon taobh a-muigh ann an coimeas ri eag-shiostam le glè bheag de dh'iomadachd

Faclan feumail

Gnèithean – buidheann de fhàs-bheairtean beò far a bheil feartan cumanta aca le fàs-bheairtean eile far am faodar breith eadarra

Freagarrachadh – am pròiseas atharrachaidh far am bi fàs-bheairt ag atharrachadh a rèir an àrainneachd aca

Bith-iomadachd – mìneachadh fharsaing a' ciallachadh measgachadh de bheatha phlanntais is bheathaichean. Tha bith-iomadachd a' toirt iomradh air eadar-dhealaichean a rèir ghnèithean, eadar gnèithean agus taobh a-staigh eag-shiostam

Cuan an t-saoghail

Aimeireaga
a Tuath

An Roinn-Eòrpa

Àisia

Aimeireaga
a Deas

Afraga


Roinn a' Chuain
Sèimh

An Antartaig

Cearcall an Uisge

Cuan an t-saoghail

MARINE
CONSERVATION
SOCIETY



RSNO
SCOTLAND'S NATIONAL
ORCHESTRA

*Fuaim a'
Chuain*

An Cuan:
Eòlasan agus Builean

Eòlasan agus Builean:

Cuspairean Sòisealta

- 'S urrainn dhomh na prìomh fheartan ann an cruth-tìre na h-Alba innse, agus mìneachadh mar a chaidh an cruthachadh. **SOC 2-07a**
- 'S urrainn dhomh bruidhinn mun bhuaidh aig obair dhaoine air an àrainneachd agus molaidhean a dhèanamh air mar as urrainn dhuinn a bhith beò ann an dòigh a tha nas cùramaiche dhan Àrainneachd. **SOC 2-8a**
- Le bhith a' coimeas mo sgìre ionadail ri sgìre eile nach eil coltach rithe taobh a-muigh Bhreatainn, 's urrainn dhomh prìomh fheartan sìde agus gnàthshìde a rannsachadh, a' bruidhinn mun bhuaidh aca air rudan beò. **SOC 2-12a**
- Airson cur ri mo mhap inntinn agus mo mhothachadh air àite, 's urrainn dhomh fiosrachadh bho dhiofar sheòrsaichean mhapaichean a mhìneachadh, agus tha mi a' tòiseachadh air prìomh fheartan a lorg ann an Alba, san Rìoghachd Aonaichte, san Roinn Eòrpa no san t-saoghal mhòr. **SOC 2-14a**
- 'S urrainn dhomh fianais a thaghadh airson cùisean sòisealta, poilitigeach agus eaconamach an latha an-diugh a rannsachadh. **SOC 2-15a**

Le taing do ar com-pàirtichean



A' cur taic ri Fuaim a' Chuain:

Aberdeen City Council, Aberdeen Endowments Trust, Alexander Moncur Charitable Trust, Balgay Children's Society, Castansa Trust, Cookie Matheson Charitable Trust, David and June Gordon Memorial Trust, Educational Institute of Scotland, Forteviot Charitable Trust, The Gannochy Trust, Glasgow City Council, Hugh Fraser Foundation, Jimmie Cairncross Charitable Trust, Leach Family Charitable Trust, Leisure and Culture Dundee, Leng Charitable Trust, The McGlashan Charitable Trust, MEB Charitable Trust, Nancie Massey Charitable Trust, Northwood Charitable Trust, PF Charitable Trust, Q Charitable Trust, Scott Davidson Charitable Trust, ScotRail, Stevenston Charitable Trust, Tay Charitable Trust, Tillyloss Trust, Walter Craig Charitable Trust, Walter Scott Giving Group.



Royal Scottish National Orchestra
19 Killermont Street, Glasgow G2 3NX

Charitable Company registered in Scotland
Company Number: SC027809
Scottish Charity Number: SC010702

The RSNO is supported by
the Scottish Government

